


STORYWORLDS




Sàbhaladh aig muir



Jill Atkins • Shelagh McNicholas

Sàbhaladh aig muir



An teacs a Jill Atkins
Na dealbhan Shelagh McNicholas
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill


STÒRLANN • ACAIR



A h-uile samhradh bhiodh Alison a' dol a dh'fhuireach greis còmhla ri a seanair agus a seanmhair ann an Alba. Aon latha bha Alison airson na bàtaichean-iasgaich fhaicinn. Dh'iarr i air Seumas, a bha a' fuireach an ath-dhoras, tighinn còmhla rithe. "Chan urrainn dhomh," arsa Seumas. "Tha agam ri Mam a chuideachadh."



Mar sin dh'fhalbh Alison agus a seanair a choimhead nam bàtaichean-iasgaich. Bha an t-uisge ann agus cha mhòr gum faiceadh iad na bàtaichean a' tighinn a-steach. Choimhead Alison le prosbaig Seanair. "Tha mi a' faicinn sia bàtaichean a' tighinn a-steach," thuirt i.



Ruith Alison sìos an cidhe airson na bàtaichean fhaicinn. Bha a' chiad bhàta aig a' chidhe agus bha na daoine a' togail bhogsaichean èisg chun a' chidhe.



Ceannaich sgadan ùr!

“Sgadan! Ceannaich sgadan! Sgadan math!” dh’èigh iasgair àird a chlaiginn.




“Thoir sia dhomh, mas e do thoil e,” thuir Seanair. Chuir an duine an sgadan ann am poca.



Cha b' fhada gus an tàinig ceithir bàtaichean eile a-steach. Chuala Alison dithis iasgair a' bruidhinn còmhla.
"Tha na stuaghan a' fas nas motha agus nas miosa," thuirt aon fhear, "agus tha bàta Thòmais gun tighinn fhathast."
"Bu chòir dha bhith air ais a-nis," ars am fear eile.

Ruith Alison air ais gu Seanair.
"Tha aon bhàta gun tilleadh," thuirt i ris. "Chuala mi dithis iasgair a' bruidhinn."

"Tha mi 'n dòchas nach bi i fada gun tighinn ma-thà," thuirt Seanair.
"Tha agus mise," ars Alison.




Sheall Alison a-mach gu muir.
Bha i a' faicinn rudeigin.



8



Choimhead i leis a' phrosbaig.
Nis bha i a' faicinn bàta a' dol
sìos agus suas air na stuaghan.
“A Sheanair! Trobhadaibh
agus seallaibh,” dh'èigh i.
“Tha a' ghaoth a' siabadh
bàta gu sgeir.”



9




“Feumaidh sinn fios a chur chun
a’ bhàta-teasairginn,” thuirt Seanair.

“Ruith Alison!

’S tu fhèin as luaithe.”

Ruith Alison a-null an cidhe cho luath
ri geàrr.

Dh’fhòn i na
maoir-cladaich
agus dh’innis i
dhaibh mun bhàta.



Cha b’ fhada gus an robh na fir nan ruith
a-steach gu stèisean a’ bhàta-teasairginn.

Chunnaic Alison na dorsan mòra
a’ fosgladh agus am bàta-teasairginn
a’ falbh a-mach a chuideachadh
a’ bhàt’-iasgaich.

“Tha mi ’n dòchas gu ruig iad ann an tìde,”
thuirt i.



Thill Alison gu Seanair.
Choimhead i tron phrosbaig.
Chunnaic i am bàta-teasairginn
a' ruighinn a' bhàt'-iasgaich.
An dèidh sin chunnaic i sgioba
a' bhàta-teasairginn a' cuideachadh
nan iasgair far a' bhàta.



Nuair a bha an t-iasgair mu
dheireadh sa bhàta-teasairginn
thionndaidh i mu chuairt agus thill i tro
na stuaghan.
Mionaidean an dèidh sin thog a' mhuir
mhòr am bàta agus bhuail i le BRAG
- air na creagan.

Nuair a ràinig am bàta-teasairginn an cidhe thug iad na h-iasgairean air falbh gus am faigheadh iad aodach tioram, blàths agus biadh. Thàinig an sgiobair a-nall gu Seanair.



“Taing dhuibhse. Mura biodh sibhse air a bhith ann cha bhiodh sinn air na h-iasgairean a ruighinn ann an tìde,” thuirt e.

“Na toir taing dhòmhsa idir,” thuirt Seanair.

“Thoir taing dha Alison. ’S e ise a chunnaic am bàta an toiseach.”



Nuair a thill Alison agus Seanair dhachaigh chaidh Alison a shealltainn air Seumas.

“S e mise a chuir fios air a’ bhàta-teasairginn,” thuirt Alison.

“Tha fios a’m,” arsa Seumas.

“Tha mi fhèin agus Dadaidh airson taing a thoirt dhut oir bha Dad air a’ bhàt’-iasgaich sin.”

Foillsichearan Foghlaim Heinemann
Halley Court, Jordan Hill, Oxford OX2 8EJ
earrann de Fhoghlam agus Foillseachadh Proifeiseanta Reed Earr.

OXFORD MELBOURNE AUCKLAND
KUALA LUMPUR SINGAPORE TOKYO
JOHANNESBURG BLANTYRE GABORONE
IBADAN PORTSMOUTH NH (USA) CHICAGO

© Jill Atkins 1997

A’ chiad fhoillseachadh 1997
A’ chiad fhoillseachadh sa Ghàidhlig 2004

A’ Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

2005, 2004
10 9 8

© na Gàidhlig Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Ùghdarrasan a tha riochdaichte air MRG. Na còraichean uile glèidhte. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo ath-riochdachadh an cruth sam bith no an dòigh sam bith gun chead ro-làimh bho Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair.

Data Catalogadh ann am Foillseachadh an Leabharlann Bhreatainn
Gheibhear clàr-catalogaidh airson an leabhair seo bho Leabharlann Bhreatainn.

Tha Jill Atkins a’ dleasadh còir mhoralta airson a bhith air a comharrachadh mar ùghdar na h-obrach seo.

Clò-bhuailte le Scotprint, Haddington.

LAGE/ISBN 0 86152 613 9